

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

CASG GU DICIADAIN 17/10/2012, 1000

Bòrd na Gàidhlig a’ Coimhead ri Cathraiche Ùr Fhastadh

Tha Ministearan na h-Alba a’ coimhead ri Cathraiche ùr fhastadh don bhuidheann reachdail Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig.

Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil a th’ ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le dleastanas airson dìon na Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd, cleachdadh is tuigse don Ghàidhlig adhartachadh agus leasachadh is taic a chur ri foghlam is cultar na Gàidhlig.

Tha rùn soilleir aig Ministearan na h-Alba a thaobh na Gàidhlig ann an Alba agus tha dòchasan a cheart cho làidir a’ tighinn bhon choimhearsnachd Ghàidhlig. Bidh an Cathraiche ùr aig Bòrd na Gàidhlig a’ stiùireadh agus a’ treòrachadh slighe ro-innleachdail iomlan Bhòrd na Gàidhlig na dhleastanasan reachdail co-cheangailte ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh as t-samhradh, a’ toirt prìomhachas do fhoghlam ro-sgoile agus foghlam sgoile an cois gnìomh coimhearsnachd, gus an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh thar nan còig bliadhna a tha ri teachd.

Thuirt an Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Sgìlean is Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba: “Tha feum againn air guth làidir às leth na Gàidhlig ann an Alba, neach a tha comasach air cleachdadh agus in-ghabhail na Gàidhlig sa bheatha làitheil adhartachadh, ach neach a tha a’ tuigsinn nan cùisean agus nan dùbhlanan gun choimeas ris a bheil an cànan a’ cothachadh. Tha mi misneachail gu bheil an ath Chathraiche a-muigh an sin agus tha mi an dòchas gum faic mi àireamh de thagraichean sàr-mhath a’ tighinn air adhart.”

Thuirt an Cathraiche Eadar-amail aig Bòrd na Gàidhlig, Ealasaid Nic an t-Saoir: “Tha e air a bhith na fhìor urram dhomh a bhith a’ coileanadh dreuchd a’ Chathraiche ann an suidheachadh eadar-amail thar nam mìosan a dh’fhalbh ach bu mhaith leam a dhaingneachadh nach bi mi a’ sireadh m’ fhastadh don dreuchd mhaireannach. ’S e amannan dùbhlanaich a th’ againn gu làithreach ach tha mi a’ creidsinn gu bheil mòran aig a’ Ghàidhlig ri thairgsinn a thaobh nam buannachdan a th’ aig a’ chànan do dh’eaconamaidh na h-Alba tro chothroman cosnaidh seasmhach, gu h-àraid anns na sgìrean far a bheil an eaconamaidh lag. Tha an obair co-cheangailte ri tèarainteachd don Ghàidhlig san àm ri

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



teachd dùbhlanaich ach tha mòran bhuannachdan ann cuideachd a' dol le cothroman air adhartas a dhèanamh. Chanainn gu dùrachdach ri daoine tairgsinn airson Cathraiche air Bòrd na Gàidhlig agus a dhol an sàs ann aig àm a tha sinn air tòiseachadh air am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ùr a liubhairt. Bidh mi fhìn agus mo cho-oibrichean air a' Bhòrd a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le agus a' toirt taic do Chathraiche eile sa bhliadhna ùr."

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no le fònadh gu 07557 481 081.

NOTAICHEAN:

Tha an dreuchd pàirt-ùine agus a' cosnadh tuarastail de £12,400 mu choinneamh ceithir latha sa mhìos, a thuilleadh air coinneamhan ràitheil a' Bhùird.

Bidh an Cathraiche air fhastadh airson ùine ceithir bliadhna le comas air ath-fhastadh airson dàrna teirm. Bidh an dreuchd èifeachdach bhon Mhàrt 2013 agus bu chòir tagraidhean a bhith a-staigh ron cheann-latha dheireannach air 09/11/2012.

Bidh an dreuchd phoblach Mhinistreibh seo air a cur an gnìomh ann an co-rèir ri Coimiseanair nan Dreuchdan Poblach ann an Còd Cleachdaidh na h-Alba. Thèid an neach a chur an dreuchd a rèir airidheachd agus cha bhi pàirt sam bith aig gnìomhachd poiliteagach sa phròiseas taghaidh.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



EMBARGOED UNTIL WEDNESDAY 17/10/2012, 1000.

Bòrd na Gàidhlig Look to Appoint New Cathraiche

Scottish Ministers are seeking to appoint a new Cathraiche (Chair) to the statutory Gaelic Language Body, Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig is a Non Departmental Public Body established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, and is responsible for safeguarding the future of Gaelic in Scotland, for promoting the use and understanding of the Gaelic language and for developing and supporting Gaelic education and culture.

Scottish Ministers have clear ambitions for Gaelic in Scotland, and there are equally high expectations from the Gaelic community. The new Cathraiche of Bòrd na Gàidhlig will lead and direct the overall strategic direction of Bòrd na Gàidhlig in its statutory duties relating to the National Gaelic Language Plan published in the summer, prioritising pre-school and school education alongside community action to increase the number of Gaelic speakers in Scotland over the next 5 years.

Minister for Skills and Learning, Science and Scotland's languages, Dr Alasdair Allan said: "We need a strong voice for Gaelic in Scotland, someone who can promote its use and inclusion in daily life, but also someone who understands the unique issues and challenges that the language faces. I am confident that the next Cathraiche is out there and I hope to see a number of excellent candidates come forward"

Bòrd na Gàidhlig Interim-chair Elizabeth McAtear, said: "I have been very privileged to fulfil the role of Cathraiche in an interim capacity over the last months but can confirm that I will not be seeking appointment to the permanent position. These are challenging times but I believe that Gaelic has much to offer in terms of its benefits to Scotland's economy, particularly in fragile areas, through sustainable employment opportunities. The work to secure Gaelic's future is challenging but there are also many rewards with opportunities to make progress. I would encourage people to apply for Chair of Bòrd na Gàidhlig and to get involved at a time when we have embarked on the delivery of a new National Gaelic Language Plan. My current colleagues on the Bòrd and I all look forward to working with and supporting a new Cathraiche in the new year."

ENDS

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 07557 481 081.

NOTES:

The post is part-time and attracts a remuneration of £12,400 for a time commitment of four days per month, in addition to quarterly meetings of the Bòrd.

The appointment of the Cathraiche will be for a four year term with the possibility of re-appointment for a second term. The appointment will take effect from March 2013 and the closing date for applications is 09/11/2012.

This Ministerial public appointment will be made in accordance with the Commissioner for Public Appointments in Scotland's Code of Practice. The appointment will be made on merit and political activity plays no part in the selection process.